

# Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

## Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Am Màrt 2022 – Air ùrachadh

## 15. Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

### Prìomh fhiosrachadh:

- Ann am 'Modh-obrach 1+2'<sup>1</sup> faodaidh clann a' Ghàidhlig ionnsachadh mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd ann an sgoiltean tro Mheadhan na Beurla. Feumaidh gach oidhirp a bhith air a dhèanamh gus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a bhith air a ghabhail a-steach ann an curraicealam 3-18.

15.1 Is e cothrom a th' ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) do chlann is do dhaoine òga a' Ghàidhlig ionnsachadh mar phàirt den churraicealam. Mar phàirt de phlanadh airson 'Modh-obrach 1+2'<sup>2</sup> faodaidh clann a' Ghàidhlig ionnsachadh mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd ann an sgoiltean tro Mheadhan na Beurla. Tha a leithid de chothroman ann an-dràsta agus canar Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (GLIBS) riutha. Aig ìrean na h-àrd-sgoile, canar Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ris na teisteanasan nàiseanta. Bithear a' cleachdadh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) mar abairt thar co-theacsaichean a' churraicealaim 3-18 air fad agus nas fharsaing na sin. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais agus am Modh-obrach 1+2 ag àrdachadh ionnsachadh cànanain san fhoghlam fharsaing choitcheann. Tha am foillseachadh aig Foghlam Alba, An dreuchd aig Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an 'Ionnsachadh Cànanain ann an Alba: Modh-obrach 1+2'<sup>3</sup>a' comharrachadh gu bheil a' misneachadh ùghdarrasan ionadail taic a thoirt do na sgoiltean aca a thaobh a bhith a' libhrigeadh prògram rianail airson FLI a bhios a' leantainn air adhart gu duaisean is teisteanasan.

---

<sup>1</sup> [Ionnsachadh Cànanain ann an Alba](#): Modh-obrach 1+2 Buidheann-obrach Riaghaltas na h-Alba air Cànanan: Aithisg agus Molaidhean An Cèitean 2012

[Ionnsachadh Cànanain ann an Alba](#): Modh-obrach 1+2 Buidheann-obrach Riaghaltas na h-Alba air Cànanan: Aithisg agus Molaidhean An Cèitean 2012

<sup>3</sup> [An dreuchd aig Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an 'Ionnsachadh Cànanain ann an Alba](#): Modh-obrach 1+2' Foghlam Alba 2014

<sup>2</sup> Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig: **Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig**

**Foghlam Alba**

Taigh Denholm

Pàirc Ghniomhachais Ghlinn Almoid

Slighe Ghlinn Almoid

Baile Lèibhinn

EH54 6GA

**T** +44 (0)141 282 5000

**E** [enquiries@educationscotland.gov.uk](mailto:enquiries@educationscotland.gov.uk)

[www.educationscotland.gov.uk](http://www.educationscotland.gov.uk)